


NATIONAL  
LIBRARY  
OF SCOTLAND


NE. 131. c. 37.






Digitized by the Internet Archive  
in 2013





AMERICAN NATIONAL LIBRARY



AUDHE

SPIORADALL

L E

DUGHALL BOCHANNAN.

Gabhadh focal Chriodh comhnuidh annaibh gu  
saidbhír san uile ghliocas; a teagaisg agus a' comhairleachadh a cheile le fáidíibh, agus  
cantaicibh spioradail a' dearramh, cùil do'n Tighearna le gras ann bhur croidbeaghláibh.  
Gob. iii. 16.

---

CLODH-BHUAILT

---

M, DCC, LXXV,

LARISSEY  
BEQUEST FUND

LIBRARY  
NO. 3037 NO. 2  
1960

# MORDHACH DHE

**G**REUD e Dia, no creud e Ainm?  
Cha tuig na h Aingle 's áird 'n gloir,  
Tha e 'n solus dealrach foluicht uath,  
Far nach ruig sùil 'no smuain na choir.

Uaith fein ata a Bhith ag sruth ;  
Neimh-chruthaichte ta uile Bhuai'bh ;  
Neimh-chriochnaicht 'n an nadur fein ;  
'S fein-dhiongmhulta ga 'n cumuail suas.

Cha raibh e ôg is fein cha bhî;  
O shiòr' gu sìor gun chaochladh staid;  
Cha tomhais Grian no Gealach zois;  
Oir's neithe caochlach iad air fad.

'N uair tha isbeanas e ghlòir nò ghràs.  
Bidh là neimh-bhàsmhur teachd o shùil;  
'S grad chuiridh fluagh nan neamhadh àrd  
Le'n sgiathair sgàile air an gnùis.

'S mò thaifbeanas e ghnùis an gruaim,  
Grad sgaoilidh uamhunn fead nan speur;  
Roimh' achmhafansa teichidh 'n cuan,  
'S le guillt-chriti gluaillich 'n cruinne cé.

Ta oibre nàduir searg 's a fás,  
 O chaochiladh 'tà id gu caochladh rith:  
 Ach uile thionnsg'ans 'tà id 'nan aon,  
 Gun traogh no lionadh air a Bhith.

'Ta aingle fs daoin do neimh-ni dlù;  
 A' bhrù o'n d'thainic sinn gu leir,  
 Ach iomlaineachd o shiorrui'chd ta,  
 Neimh-chriochanach 'na nàdur fèin.

'Nuair chualadh Neimh-ni guth a bheil,  
 Ghrad leum na bith a chruitheachd mhòr,  
 An cruinne so le uile làn,  
 'Sna neamhadh àrd le'n uile shlòigh.

'N fin dh' fheuch air oibrichibh gu leir,  
 'S gach crèütair bheannuich e 'nan staid,  
 S cha d' fheum ath-leasachadh air ni,  
 A meafg a ghiomhara air fad.

Air clar a dhearn tha dol mu'n cuairt  
 Gach reult a ghiomhara ann san speur;  
 An cruthach gu leir tha 'stigh 'na ghlaic,  
 S a' deanamh thaic da ghairdean treun.

Cia chuartuicheas do Bhith a Dhe!  
 An doimhne shluig gach rèusan suas;  
 'Nan aoiripibh tha aingle 's daoin  
 Mar shligibh maoraich glacadh chuain.

O bhithbbuantachd tha thusa a' d' Riogh,  
 'S ni bheil san t faogh'ls ach ni o'n de;

O 's beag an each druidh chualas diòt,  
 'S cha mhor do d' ghniomh ata fuidh 'n ghrein.

Ge d' thionndadh ghrian gu neimh ni r̄is,  
 S gach ni fa chuairt a soluis mhòir ;  
 'S co beag bhiodh d' oibre 'g iunndrain uath,  
 S bhiodh 'n cuan ag iunndrain fileadh mhèdir.

An cruthach cha deun le uile ghloir,  
 Lan-f hoillseachadh air Dia nam feart,  
 Cha 'n 'eil 's na h oibre ud gu leir,  
 Ach taifbein éarlaist air a neart.

Le'r tuigic thana 's diomhain dhuinn  
 Bhi sgrùdadh chuain ata gun chrioch ;  
 An litir 's lugha dh' ainm ar Dè,  
 Is tuille 's luchd da'r rèusan ì.

Oir ni bheil dadum cosmhuil riot  
 Am meaig na chrutheach thu gu leir,  
 'Sa meaig nan daoine ni bheil cainnt  
 A labhras d' ainm ach d' fhocal fèin.

## FULANGAS CHRIOSED.

**S**E fulangas mo shlànai-fhear  
 Do bhios m o Dhàna' luaidh,  
 Mor-irioslachd an àrd-Riogh sin  
 Na bhreith 's na bhàs ro chruaidh,  
 'Se 'n tiongantas bu mhìorbhuilich  
 Chuaidh innseadh riamh do shluagh;  
 An Dia bha ann o shiòrruidheachd,  
 Bhi fas na chìochran truagh.

'N uair ghabht' am broinn na h òigh' e;  
 Le còmhnhadh Spioraid De,  
 Chum an Nadur Daonna sin,  
 A dheanamh aon ris fein;  
 Ghabh e sgàil mu Dhiadhuigheachd;  
 'S don BHRIATHAR dhearnadh feòil,  
 Is dh' fhoillisch' an rùn diamhair sin,  
 Am pearsa Chriosd le glòir.

Rugadh 'n stàball dìblidh e,  
 Mar dhilleachdan gun tòir;  
 Gun neach a dheanadh cairdeas ris,  
 No bheireadh fàrdoch dho,  
 Gun mhuianntir bhi 'ga fhriothaladh,  
 Na uidheam mar bu còir;  
 Ach eich is daimh ga chùairteachadh  
 D' an dual gach uile ghlòir.

Mu'n ganna bha sios gur'n d' thàinig e,  
 Do dhuisg' dha nàimhde mòr :  
 B' èidir teich don Ephaid leis,  
 Roimh Herod bh'air a thòir,  
 Is e co naimhdeil dhioghaltach  
 Chum Iosa chur gu bàs ;  
 'S gur mharbhadh leis gach cioccharan  
 A bha na riogh'chd gun dàil.

Bha tuill aig na sionnachaibh  
 Ga'm folachadh o theinn,  
 Bha neid aig na h èunlaithe  
 Ann gèuga àrd na'n crann ;  
 Ach eisean do rinn uile iad,  
 'S gach nì fa' chruinne chê,  
 Bha e fein na f hògarach,  
 Gun chòmhnuidh aig fuidh 'n ghrèin.

Am feadh 'sa ghabh an Slànui-fhear  
 Mar ionad tàmh an saoghail,  
 Mar leigh ro iochdmhar fabharach  
 Bha leigheas clann nan daoin :  
 'N aon èugail riamh bu ghàbhuidh bh'ann.  
 'S gach galar cràiteach gèur,  
 Do thionndadh e chum flànuchadh  
 'N uair làbhradh e o'bheul.  
 Thug teanga do na balbhànaibh,  
 'S don bhacach mhall a lùgh,

Do'n bhodhar thug se chlàistineachd,  
 'S do dhaoine dall an ùil,  
 Na lobhair bhreun do ghlanadh leis,  
 Cur fallaineachd nam feoil :  
 Is leighis gach èugail anama e,  
 'S na mairbh do thug se beo.

Do shearmonaich an soisgeul leis,  
 Do dhaoine bochda truagh ;  
 Is gheall e saorsa shiorruidh dhoibh  
 Bha'n glais faoi chìs ro chruaidh :  
 Na'n gaibhte ris an fhìrinn leo,  
 Le creidimh fiorghan beò,  
 'S gu'm bìodh iad air an iompuchadh  
 O ghniomharaibh na feòl.

Lean buidheann tur don fhàsach e,  
 Is dh'fhan tri laeth na chòir,  
 Cuig mile bha do dh'àireamh ann  
 Bh'air fàilneachadh chion lòin :  
 'N ro bheagan fhuair iad bheannuich e  
 'N da iasg 's cuig arain eòrn,  
 'S do itheadh nach gur shásuich iad  
 Is dh'fhág iad ni bu leòir.

Do chaisgeadh anfadh cuain leis,  
 'S a tonnadh uaibhreach mór,  
 A' ghaoth ro laidir bhuaidhreasach,  
 Do chuairstich e na dhòrn :

Ach aithris air gach miòrbhuile,  
 Rinn Iosa an ñ sàm fhèòil,  
 Cha chumadh 'n saoghal do sgrìbhinn,  
 Na dh' innseadh e gu leòir.

Ach 'n'air bha 'n tam a' dlùthach ris  
 Gu'n siùbhladh e chum glòir,  
 Ghairm e chuiige dheiscobuil,  
 Is dheasuish e dhoibh lòn ;  
 Chuir e sios nan suidhe iad  
 'S gach uidheam air a bhòrd ;  
 Aran 's fion do riaruich orr'  
 Bha ciallach fhuil is fheòil.

Thug e sin mar ordugh dhoibh  
 Bhi 'n comhnuidh ac gu bràth,  
 A dh' fhoillseachadh mhòr-fhulangais,  
 Do dh' f huilig air an sgà ;  
 Gu 'n itheadh is gu 'n òladh iad  
 Do dh' f heartaibh mor a ghràidh,  
 'S gu 'm bitheadh e mar chuimhne aig  
 A mhuianntir air a bhàs.

'N uair thainig chum a ghàraidh e,  
 Do bhi a chràdh ro mhòr ;  
 'N uair fhuair e 'n cupan feirge sic,  
 Bha oillteil fearbh r'a òl,  
 Air ghoil bha chuisse craobhachasan  
 Tre choip ro naomh 'ga f hàsg,

Na fhollas fola braonadh 'mach  
Tre aodach air an làr.

“N sin tbuit e air a ghàlinibh sios.  
Ag deanamh ùrnuigh ghèur,  
“ Athair chaomh ma's comas e,  
“ An deoch so cuir uam fèin ;  
“ Ach so a' chrioch mun d' thàinig mi,  
“ Gu 'n sàbhalain mo thrèud,  
“ Mar iñ ni iarram fàbhor, ach  
“ Do thoil gu bràth bhi deunt.”

Be sud an cupan uamhunnach,  
Do fhuair e ann 'na làimh ;  
Peacadh 'n t saoghalit ga chuaírteachadh  
‘S gach duais a bhuiñeadh dhà,  
Nach 'thuil' geadh 'n saoghal gu siorruidheachd  
Do phianntaibh is do chràdh,  
Chuaidh sud a leagadh còmhladh air,  
‘S an deoch ud dh' ôl nan àit.

B'e 'n Diabh'l a shealbhuiich lùdas sin,  
Le chroidhè dùbailt' fiar ;  
An cealgair fannitach lùbach ud,  
A chuir dubh-chùl re Dia :  
An troiteir reic e Shlànai'f hear;  
‘S a mhaighsdìr gràdhach fein,  
Is bhrath da naimhde basmhur e,  
Euidh chàirdeas pòg a bheul.

An sin do rinn iad priosunach  
 Do dh' Iosa gun chianfadh,  
 Is thug iad dh' ionnsuidh Phìlat e,  
 Gu 'n dìteadh e chum bas :  
 Do dhìt am breitheamh eucorach  
 Le fiadhuis bhrèig an Ti,  
 Bha choguis fein ag innseadh dia  
 Bhi dìthchiontach is fior.

Do cheangail agus sgiùrs' iad e  
 Le buillibh druiteach geur,  
 An fheoil o'n chnaimh do rùisgeadh leo  
 Na meallaibh brùit gu leir,  
 A chorp ro naomh do mhilleadh leo.  
 'S a chreuchdà fileadh sios ;  
 An fhuil le'r cheannachadh 'n faoghal so  
 Gun sgaoinn bhi dhith na pris.

Do rinneadh crùn don sgitheach leo,  
 'S do fhith iad e gu teann,  
 Chur tuille pian is nàire ait,  
 Do spàrr iad e mù cheann ;  
 'Na cheann a steach do bhuaileadh leo  
 Na bioradh cruaidh ro gheur,  
 Is aghuidh ghloirmhor d' fholáich iad  
 Le 'n fileadh salach breun.

'N uair chuir iad an crun nàrach air,  
 Ro chràiteach goirt do bhi,

Do sgeudaich iad le sgàrlaid e  
 'S chuir colbh 'na laimh mar Rì  
 Is labhair iàd gu sgallaiseach  
 A' fanoid air an Tì,  
 Fàilte Riogh nan Iùdhach dhuit,  
 Le 'n glùn ga chromadh sìos.

Le 'm foirneart mhoir do èigneich e  
 Chrann cèusaidh thogail suas,  
 Ge bu chruidh fùd b' fhéudar e  
 Bhi 'g gëilleadh dhoibh fan uair :  
 A' chuisleadh caomh ag tràsgadh as,  
 'S a neart f'hàsgadh uaidh,  
 A' dìreadh 'n t-sleibh ga shàruch, gus  
 An d' f'hàilnich e faoi 'n chuail.

Sìos air an leabuidh dhòruinnich,  
 Le dheòin do luigh e fein ;  
 Ruisgt' air a chrann do shineadh e,  
 'S gach allt dheth spòn o chéil :  
 A' chorpa ro naomha beannuighe,  
 Do cheangail iad gu teann,  
 Le tairnibh 's ord ga 'n sparradh fùd,  
 Gu daingion ris a chrann.

An crann an fin do dhirich iad,  
 Is liosa thog air suas,  
 Air na tairn ibh chrochadh e  
 Le dochann tha doth-luaidh ;

A chudthrom fein a' rēubadh as,  
 Gach crêuchd na chois 's na làimh,  
 Is fhuil ro phriseil naomhasan  
 Ga taomadh sios gu lâr.

Ge bu mhaaslach cràiteach leis  
 Am bàs do dheilbheadh leo ;  
 Aon ghearan riamh cha d' thainic uaidh  
 An aghuidh haimhde mor ;  
 Ach sann a ghabh e 'n leith-sgeulsan,  
 Ga 'n teafairginn gu fior,  
 " O Athair thoir dhoibh maitheanas,  
 " Ta'id aineolach nan gniomh."

Chuaidh dibhfhearg Dhe a thaomadh air  
 Gach uile thaobh mu'n cuairt,  
 Gnuis a ghraidh do fholach air  
 Is thionndadh solus uaidh ;  
 Do èigh a faoi na pianntuidh sin,  
 " Mo Dhia ! Mo Dia na tréig !  
 " Na ceil do gnuis ro fhàbharach,  
 " S na fág me ann a mhùum.

Na 'n rachadh an trom-dhioghaltas ud  
 Do ghiùlain Ios' e fein,  
 Leag air a chinneadh daonna sin  
 'S na h aingle naomh 'le cheil,  
 Do chasgradh ann a mòaint bhig,  
 Na Slòigh ud leis gu léir :

Am braon bu lugh' da fhlangas  
Do loisgeadh 'n cruinne cé.

Do orduich Dia nan sluagh 'n sin,  
Iad theachd mu'n cuairt don t-sliabh,  
Gach uile nàdùr rëufantadh,  
Do rinn e fein o chian;  
'S gu 'm faicte ghaol dà chréutairibh  
S do bhëusaibh pheacaidh fhuath,  
Ann sain fheirg do thaomaich e  
Ait Mac a ghaoil sain uair.

"Se so bu chainnt da fhlangas,  
" Nois tuigibh uile shluagh,  
" Nadur screitidh pheacaidh sin,  
" 'S am dhòruinn faicibh dhuais;  
" Is nadur teann na ceartas sin  
" Do ghlac me as leith châich;  
" Nach maith dhamh bonn da 'm fiathas,  
" S nach diol le ach mo bhás."

Eha 'm bàs ud malluicht' paintachail,  
Ro ghuineach dio'ltach dòigh;  
Ro chràiteach nàrach fadalach,  
'S e teachd neo-ghrad na chòir;  
Bu ni ro oillteil uamhusach,  
Seachd uair bhi 'n crochadh beo,  
Co feitheadh chuirp gan spionadh as,  
Air dh'fheudas innleadh leon!

Bha briogh a chuirp air tiormachadh  
 An amhuinn feirge De :  
 'S a chroidhe' cairdeil fìrinneach  
 Ag leagha sìos mar chèir :  
 A theanga lean r'a ghialaibhsin,  
 Bha riamh am pairt a shluagh ;  
 Is foirnearth na'n geur-phiannta sin,  
 A sniomha anama naidh.

A raodhart għlan do f'hàilnich air,  
 'S mar ghloin do f'hàs a shuul ;  
 Bha fēitheadh chroidh a bristeadh aig,  
 'S bhràgħid clisgeadh dlù :  
 A għnui bu àille finuadħ is dreach,  
 De thionndu uaine li ;  
 Air leam gu 'm faic me ealghris ait  
 Cur a chath shearbh gu crīch.

Air leam gu 'm faic me chrēuchdasan,  
 Mar a reub na tairn 'e fheoħil ;  
 An fħu il-fas dubh aig ragadħi umpti  
 Sioġ lagħiż air a threoir ;  
 Draoħi a bhais tional uim' ;  
 'S e deatħadħi r'a tgħiamb ;  
 Air leam gu 'n cluinn me tgħid ofnaith e ;  
 'S i phiosgħi bha 'na chliabb.

Ba dheredd labhair Iosa riu,  
 "Iba me an iċċa mhorr :"

Ghabh domblas agus fìongeur iad,  
 'S deoch shìn iad dha r'a òl,  
 'Nsin dubhaint, " Tha e criochnuicht  
 " Gach nì ghabh me os laimh."  
 'S le sgairteachd gheur do ghlaodh e 'mach  
 Is chlaon e cheann gu bas.

Be fad an glaodh bha cruidalach,  
 Do chual e 'n cruinne cè ;  
 Gach creug air talamh sgealbadh leis,  
 'S na mairbh do chlisg gu leir :  
 Dò thionadh ghrian gu dorchadas,  
 Is chaochail colg gach nì,  
 Bha chrutheachd mar gu 'm bafaich i,  
 'S i taradh chunt a crich.

Na flaitheas lha riabh folafach  
 'S gach flòigh bha subhach shuas,  
 San àm sin rinneadh brònach iad,  
 'S an ceòl do leig iad uath ;  
 Re faicfin dhoibh an Ughdair ac  
 San ùir ga leagadh sìos,  
 An bas a bhi ga cheangals an  
 Thug anam do gach nì.

# LA A BHREITHEAMHNAIS.

**A**M feadh, 'ta chuid is mo don t faogh' i  
Gun ghaol do Chriosd, gun fgoinn da  
Gun chreideamh ac gu'n d'thig e ris, {reachd,  
Thoirt breith na firinn air gach neach,

An codal peacaidh 'ta'id nàn suain,  
Ag bruadar pailteas do gach nì ;  
Gun umhail ac n'air thig am bàs,  
Nach meal iad Fàrras o n' ard Rìogh.

Le cumhachd d'fhocail Dhe tog luas,  
An sluagh chum àithreachais na thrà,  
Is beannuich an Òan so do gach neach,  
Bheir seachad eis teachd dha le gràdh.

Mo sinuaintidh talmhuidh Dhe tog suas.  
'S mo theanga fuasgail ann mo bheul ;  
Do chum gu'n labhairn mar bu choir,  
Mu ghlòir, smu uamhunn laeth Dhe.

Air meadhon oidhch' n'air bhios an faogh' i,  
Air aomadh thairis anu an siuin ;  
Grad dhuisgear suas an Cinneadh Daonn',  
Le glaodh na trompaid 's airde fuaim,  
Air neul ro ard ni fhoillseach fein,  
Ard aingeal trèun le trompaid mhòir,

Is gairmidh air an t saogh'l gu leir,  
Iad a ghrad èiridh chum a mhòid :

" O' cluinnibhs uile chlana nan daoin,  
Do thainig ceann an t saogh'l gu beachd ;  
" Leumaibh 'nar beatha sibhs ta mairbh,  
" Oir gu dearbh 'ta Ios' air teachd."

Sèididh se le sgàil co chruidh,  
S gu'n cuir e sleibhte's cuain nan rith ;  
Clisgidh na bhios marbh san uaigh,  
Is na bhios beo le h uamhunn crith.

Lé h osaig dhoinionnaich a bhéil,  
An saogh'l so rèubaидh se gu garg,  
'S mar dhùn an t seangain dol na għluais,  
Graċi bhrùchdaidh 'n uaigh a nios a mairbh.

'Nn sin cruinnichidh gach cos is làmh,  
Chuaidh chur san àraich fad o' chéil ;  
'S bidh farum mor a messg nan cnàmh,  
Gach aon diu dol na àite fein.

Mosglaidh na fireanaich an tùs,  
Is dùisgear iad gu leir o'n suain,  
An anamaibh turlingidh o ghloir.  
Ga 'n còmhlachadh aig beul na h uaigh,  
Le h aċiibhneas togaidh iad an ceann,  
'Ta àin am fuasglaidh orra dlù ;  
Is mar chraoibh-mheas faci iomlan blàth,  
Ta dreach an Slànuī f'hēar 'nan gnùis :

Ta obair Spiorad naomh nan grâs  
 Air glanadh 'n nàduir o 'n taobh steach :  
 'S mar thrusgan glan 'ta ùmhlichd Chriosd,  
 Ga 'n deanamh sgiomhach o'n taobh 'mach,  
 Duisgear nà h aingidh suas 'n an dèigh,  
 Mar bhèis dibh gairisneach as an t slochd ;  
 'S o ifrinn thig an anama truagh ;  
 Thoirt coinnibh uamhasach da 'n corp.

'N sin labhruidh 'n tanam brònach truagh,  
 R'a choluinn oillteil, uamhurr, bhreun,  
 " Mo chlaoideh ! ciod uime dh' eirigh thù  
 " Thoirt peanas dùbailt oirn le cheil ?  
 " O ! 'n eigin damhsa dol aris,  
 " Am priosun neo-ghian steach a'd' chre ?  
 " Mo thruaighe me, gu'n d' aontaich riamh,  
 " Le d' an mianna brùideil fèin !  
 " O 'm fuidh me dealach riut gu bràth !  
 " No 'n d' thig am bâs am feasd a'd' choir !  
 " 'N drùigh teine air do chnamhaibh iairn !  
 " No dibh-fhearg Dhia an struidh it fheadill !

Eitidh na rìghridh 's daoine mòr,  
 Gun smachd gun òrdugh ann nan lâimh ;  
 'S cha naithn'ear iad a meafg an t fluaidh,  
 O 'n duine thruagh bha ac na thràill.  
 S na daoine uaibhreach leis nach b' fhiù,  
 Gu 'n ùmhlaicheadh iad fein do Dhia ;

O faic anois iad air an glùn;

Ag deanàmh urningh ris gach sliabh:

" O chreugaibh tuitfuidh air ar ceann,

" Le sgairnich gharbh do chlochaibh cruaidh,

" Is sgriossaibh sinn a tir nam beo,

" Achum 's nach faic sinn gloir an Uain!

Amach as uamhaidh gabhuidh thriall

An dibhal 's a chuid aingle fein,

Ge cruaidh e 's eigin teachd a lathair,

Ag flaodadh shlàbhruidh air a dhéigh,

'N sin fasuidh ruogha ann san spèur

Mar fhàir na maidne 'g eiridh dearg;

Ag innseadh gu bheil Iosa fein,

A teachd na dèidh le laeth garbh:

Grad fhoigladh as achéil na neoil,

Mar dhòra\* seomair an ard Rìogh,

Is foillseach am Breitheamh mòr,

Le gloir is greadhnachas gun chrioch.

Tha 'm bogha-frois mun cuairt da cheann,

'S mar thuil nan gleann tha fuaim a ghuth

'S mar dhealaineach tha sealladh shùl,

A spùtadh as na neullaibh tiugh.

A ghrian ard-locharan nan spèur,

Do ghloir a phearsa gèillidh grad:

Ah dealradh drillseach thig o ghnùis,

A solus mùchaidh se air fad.

Cuirfidh sì uimpe culaidh bhròin,  
 'S bidh ghealach mar gun dòirt' Orr' fuil,  
 Is crathar cumbachdan nan spèur,  
 A teilg nan réulta as am bur.

Bidh iad air uigh-deall ann san spèur,  
 Mar mheas air gèig re h anradh garbh;  
 Tuiteam mar bbraonaibh dh' uisge dlù,  
 'S an glòir mar shùile duine mhairbh.

Air charàbad teine suideidh sè,  
 'S mun cuairt da bèucaidh 'n tairneanach,  
 Ag dol le ghairm gu crìch na neamh,  
 'S ag reub nan neul gat doineannach.

O chuidhlibh charbaidh thig amach,  
 Sruth mor do theina laist' le feirg;  
 Is fgaolidh 'n tuil ud air gach taobh,  
 Ag cur an t saogh'l na lasair dheirg.

Leaghuidhi na Dùile 'nuas le teas,  
 Ceart mar a leaghas teine cèir:  
 Na croic 's na sleibhte lasaidh suas,  
 'S bidh teas-ghoil air a chuan gu leir.

Na beanaitaich iargolt nach dug seach,  
 An sforas riamh do neach da'n òdin,  
 Ta iad gu fialuidh taòsgadh 'mach,  
 An ionmhas leaght' mar abhuinn mhoir.

Gach neach bha sgriobadh cruinn an òir,  
 Le fannt, le dòbheart, na le fuil;

Lan chaisgibh 'nois bhur 'n iota mòr,  
San nasguidh òluibh dheth o'n tuil.

O sibhse rin bhur bun don t saogh'l,  
Nach dig sibh 's caoinibh e gu gèur,  
'N uair tha c gleacadh ris a bhàs,  
Mar dhuine làidir dol don ēug.

A chuisleadh chleachd bhi fallain fuar,  
Re mireig usi'reich feadh nan gleanin,  
'Ta teas a chleibh ga 'n sruindreadh suas,  
Le goilibh buaidhreis feadh nam beann.

Nach faic sibh chrith tha air mu'n cuairt,  
'S gach creug ag fuasgladh ann 's gach sliabh;  
Nach cluinn sibh osnaich throm a bhàis,  
'S a chroidhè sgaineadh stigh 'na chliabh.

An cùrtain' gorm tha nunn o'n ghrein,  
'S mu'n cuaitt don cruinne chē mar chlēoc,  
Crupaideh an lasair e r'a chéil,  
Mar mheillteig air na h èibhlé beò.

Tha 'n t aidheir ga thachd le neulla tiugh,  
'S an toit na meallaibh dubh dol suas;  
'San teinne millteach spùtadh 'mach,  
Na dhualaibh caisrèagach mu'n cuairt.

Timchioll a chruinne so gu leir,  
Borb-bhëucaidh 'n tairneanach gu brais:  
'S bidh 'n lasair lomadh gloir nan spèur,  
Mar fhàlaig ris na sleibhte cas.

Is chum an doinionn atadh suas,  
 O cheithir airdibh gluaisidh ghaoth;  
 Ga sgùirs' le neart nan aingle trèun,  
 Luathach an lèirsgrios o gach taobh,  
 Ta obair na se laeth rinn Dia,  
 Le lasair dhian ga chur na sgaòil;  
 Cia mor do shaoibhreas Riogh na 'm feart,  
 Nach iunndrain casgradh mhile faogh'l!  
 'M feadb tha gach ni an glacaibh 'n èug.  
 'S a chryitheadh gu leir dol bun-oscionn,  
 Teannaidh am Breitheamh oirne dlù,  
 A chum gach cuis a chur gu ceann.  
 'N sin gluaisidh se o aird nan spèur,  
 Air cathair a Mhòrdhachd fein a nuas,  
 Le greadhnachas nach facas riabh,  
 'S le Dhiadhachd sgeudaichte mun cuairt.  
 Ta mìle tairneanach 'na laimh,  
 A chum a naimhde sgrios am feirg,  
 Is fonn-chrith orr' gu dol an grèim,  
 Mar choin air eill re h am na seilg.  
 Ta airgle gun àireamh ann na chàirt,  
 Le'n fùilibh suidhicht' air an Riogh,  
 Chum rith le ordughasan gun dail,  
 S na h uile àit ga'n cur an gnìomh.  
 O Iudas thiganois a làthair,  
 'S gach neach rinn bràithreas riut a'd ghnìomh

An dream a dhàichean creidimh Chríost,  
Na reic e air son ni nach b' fhiach,

A shluagh gun chiall thug miann don ôr,  
Roimh ghlòir is aibhneas flaitheas De  
Bhur malairt ghòrach faicibh nois,  
'S an sgrios a thug sibh oiribh fein.

'S a mhuinnitir uaibhteach léis 'mbu nàr,  
Gu 'n cluinntे cràbhadh dhà 'n ar teach ;  
Faicibh a ghlòir 's na b' iōngnadh leibh,  
Ged dhruid e sibh a' riogh'chd amach.

O Herod faic a nois an Rìogh,  
D'an d' thug thu spìd is mässadh mòr,  
Ga sgeudachadh le trusgan ruogh,  
Mar shuaincneas sgallais air a ghlòir.

Nach faic thu Breitheamh an t saoghal gù leir  
'S mar èudach uime 'n lasair dhearg ;  
Ag teachd thoir duais do dhaoine còir,  
'S a sgrios luchd dòbheit ann am feirg ?

Is thusa Philat tog do shùil,  
'S gu 'm faic thu nois' a mughá mòr ;  
An creid thu gur h e sud an Tì  
A rinn thu dhàeadh air do mhòd ?

An creid thu gur e sud an ceann,  
Mun d' iath gù teann an sgìtheach géur ?  
Na idir gur i sud a ghnúis,  
Air theilg na h lùdhaich fileadh brèun !

'M bù leor gur theich a ghrian air cùl,  
 Ag ditultadh fiadhuis thoirt don għniomh?  
 Ciod uim' nach d'f huair a chruitheachd bas,  
 'N uaig chèufadh air a chrànn a TRIATH!

Cuirfidh se aingle 'mach gach taobb,  
 Chum céithir għaothaibh 'n domhain mhōir,  
 A chuaireachadh gach aon don t fluagh,  
 A steach gu luath a dhionnsuidh mboid.

Gach neach a dh' àitich coluinn riamh,  
 O'n ear 's o'n iar tha noise teāchd,  
 Mar fċaċċ do bheachaibh tighin mu għeieg,  
 An deidh dhoibh ēiridh 'mach o'n scep.

'N fin togfuidh aingeal gloirmhur suas.  
 Brataċi Chriosd da'n suaineneas fuli;  
 A chruinneachadh na għluais san chōir,  
 'S da fħulangas rinn dòigh is bun.

Da h ionnsuidh cruinnicheadh mo' naoimh,  
 Is tioñailibh gachi aon don dream,  
 A rinn gu dileas is gu diù,  
 Le creideamh 's ûmhlaħċid ceangal leam.

'N fin tionsgħaidh 'm Breith' air cùis an lā  
 Do chum a nàimħde chur faoi bheinn,  
 Is fosgħlaidh se an leabħrain suas,  
 Far am bheil peacaddh 'n t fluagh airchu im-hn?  
 Fosgħlaidh se 'n croidhe mar-an cèu'n,  
 Air doigh 's guz, lēir don uile neach,

Gach uamharrachd bha gabhail tàmh,  
Air feadh an àrois ud a steach :

'N uair ehi an sealladh so dhiubh fein,  
Is dearbhì gur lér dhoibh ceartas Dia;  
'S bidh 'n gruaidh a leaghadh as lè nàir,  
Nach lugha cràdh na teine dian.

Togfuidh an trompaid' risd a fuaim,  
Na labhradh is na gluaiseadh neach;  
Air chor gu'n cluinn gach beag is mòr  
A bhreithb thig air gach seòrt' amach,

" A dhaoine fannach thrèig a chòir,  
" 'S a leag bhur dòchas ann bhur toic,  
" 'S a ghlais gu teann bhur croidhe suas,  
" Sa dhruidh bhurcluas re glaodh nam bochd:  
  
" An lomnochd cha do dhion o'n fhùachd,  
" 'S don ocrach thruagh chad thug sibh biadh,  
" Ged lion me fein bhur cis'd do lòn,  
" 'S bhur treuda' chur a mòid gach bliadhna.  
  
" Ni bheil sibh iomchuibh air mo riogh' chd,  
" As eugmhais firinn iochd, is gràidh :  
" 'S o reub sibh m'iomhadh dhibh gu léir,  
" Agraibh sibh fein 'nar sgrios gu bràth.  
  
" Is sibhs' bha guidhèachan gu dian,  
" Gu'n glacadh 'n Diabhl bhur 'n anam fein;

- “ ‘S meithich bhur n ùrnuigh fhreagradh  
“ dhuibh,
- “ ‘S na h abraibh chaoidh’, *Gur cruaidh am*  
“ *beinn.*
- “ Is fibhs’ a rinn bhur teanga’ fein,  
“ A gheurachadh chum uilc mar scian,  
“ Le tuaileas, culchainnt, agus brèug,  
“ ‘S le blaispheum tabhairt béum do Dhia.
- “ A nathraighe millteach ’s oillteil greann,  
“ Cha bhinn leam ceol bhur frannruich ard,  
“ ‘S cha ’n eisid o’r teangaidh ghobhlaich cliù  
“ Le drúchd a phuiseinn air a barr.
- “ Is fibhs’ thug fuath do m’ ordugh naomh,  
“ Is leis nach b’ ionmhuinn caomh mo theach;  
“ Leis am bu bhliadhna suidhe uair,  
“ Am àros tabhairt cluais do m’ reachd;
- “ Cionnas a mbealias fibh gu bràth  
“ Am sheirbhis sàbaid shiorruidh bhuan !  
“ Na cionnas bheir bhur n anam gràdh,  
“ Don ni da’n d’thug bhùr nàdnar fuath ?
- “ Lùchd mìruin agus formaid mhòir  
“ Da’n dòruinn iomlàn sonas chàich,  
“ Le doilghios geur a cnàmh bheir teang  
“ Mu aon neach oirbh scin bheir bàrr.
- “ Cionnas a dh’ fheudas fibh gu bràth  
“ Lan shonas àiteach ann an glóir;

- " Far am fáic sibh míllte dream.  
 " Gáin ardach os bhur ceann' gu mòr?  
 " Am faidh's bu lèr dhuibh seadh' mor riogh' chd,  
 " Neach' b' airde inbhe na sibh fein;  
 " Nach fàdach mìrun's formaid cùirt,  
 " Tein' ifrin cuibh am flaitheas Òe?  
 " Is sibhs' ann slighe na neoghloin għluais,  
 " S' gu sonraicht' thruaill an léaba phòsd;  
 " Gach neach a thug dom' naomhachd suatl,  
 " Gáin tabhairt fuas gu toil na feòl:  
 " Mar b' ionn huinn leibh bhi losgadh'n teas  
 " Blàrn uabhair, dbeaufich medhuibh fearg,  
 " Leabuldh theth ann luidh sibh siòs,  
 " Am brachaibh-lín do lasair dhéirg:  
 " Ged bheirinn sibh gu rioghachd mo ghlorr,  
 " Mar mhucaibh feach gu seòmar Riogh;  
 " Bhut nedur' neoghlan bhiodh gá chràdh,  
 " Lèir miannaibh bàsachadh chion bìdh.  
 " Gach neach tha ionchuidh air mor riogh' chd.  
 " Teannuibh sibhse chum mo dheis,  
 " Is crunnichibh feachd chum mo chli,  
 " A chriosach o na crannaibh meas.  
 " N fin tearbainich sé chum gach taobh,  
 Na caoraich o na gabhruiibh lom;  
 Ceait mar ni buachaillie an trèud,  
 " N uair chuairteachais e sprèidh air tom.

'N sín labhruidh se re luchd a dheis,  
" Sibhs' ta deasúicht le mo ghràe,  
" Thigibh, sealbhuichibh an Rioghachd,  
" Nach faic a sonas crìoch gu bràth.  
" Do spealg me 'n geat' bha oirbhise dùinnnt,  
" Le m' ümblachd s m' fhlolangas ro-geur :  
" 'S dh' fhosgail àn t-sleadh gu farsuing suas,  
" Am leath-taobb doras nuadh dhuibh fein.  
" Chum craoibh na beath' ta 'm Fàrrais Dè,  
" Le h' èihhneas teanpaibh steach do còin :  
" 'S a fearta iongantach gu leir,  
" Dearbhla bhur nuile chrèuchd 's bliur leòn.  
" An cloidheamh bha ruisgte laist' da diom,  
" O laimb ar finnsir Adhamh 's Eubh,  
" Do riann me truailj dom chroidhe dhà,  
" 'S a lasair bhàth me le m' fhuil fein.  
" Faoi dosraich ùrair suidhibh sìos,  
" Nach fearg 'e nach cròn am feasd a blàth ;  
" 'S mar smèòraichibh a measg a geug.  
" Chum molaidh glèusaibh binn bhur càil.  
" Le a maife sàsuichibh bhur sùil,  
" Is oirbh faoi sgàil cha d'ruigh an teas,  
" O a duillich chùraidh òluibh slàint ;  
" Is bithibh neimh-bhasbhur le na meas.  
" Gach uile mheas tha 'm Fàrrais Dè,  
" Ta nois gu leir neimh-thoir misg t' dhuibh

- " Ithibh gun eagal o gach gèig,  
 " A nathair nimh dar tèum a choidhch.  
 " Is uile mhiann bhur n anama feìn,  
 " Lan-sàsuichibh gu lèir an Dia,  
 " Tobar na firinn, iochd, is gràidh,  
 " A mhaireas làn gu cian na 'n' cian.  
 " Mor-inntleachd iongantach na flàint,  
 " Sior rànnsuichibh air àird 's air leud,  
 " S feadh oibriche mo rioghachd mhòir,  
 " Bhur n eòlas miannach cuiribh 'meud.  
 " Bhur n aoibhneas, mais, bhur tuigs', 's bhur  
 " Bitheadh gu siorruidh fàs ni 's mò: (gradh,  
 " 'S ni 'n coinnich sibh aon ni gu bràth,  
 " Bheir air 'bhur n anam cràdh no leòn.  
 " Cha n fhacadh sùil, 's cho chuladh cluas,  
 " Na thaifg mé suas do shenàs duibh,  
 " Imichibh, 's biadh bhur dearbheachd fèin,  
 " Sior-innseadh sgèul duibh air a chaoidhch."
- Ach rista mhuinantir th'air a chì,  
 Labhruidh se na dhìoghaitas cruaidh,  
 " A chuideachd nach d'thug gràdh do Dhia,  
 " A chum an diabhail siubhlaidh uam.  
 " 'S mò mhalluchd maille ribh gu bràth,  
 " A chum bhur cràdh 's bhur cur gu pian:  
 " Gluaisibh chum an teic mhòr,  
 " Dar ròsdadh ann gu cian nan cian."

Mar a sgàin an talamh as a chéil,  
 'N uair ghabh e teaghlaich Chòrah steach,  
 Ceart laimh riù fosglaidh 'n uamha bèul.  
 'S i miananaich air son a creich.

Is mar a shluig mhic-mhara mhòr,  
 Iònás 'n uair chuaidh theilgeadh 'mach.  
 Ni flugan dubh an dara bàis,  
 A charabad iathadli umpa steach.

San uamhaidh taoibhaidh iad rë chéil  
 A ghluais na mbeatha gu h èucorach :  
 Luchd mionn is mortaidh 's fia' nais bhreig ;  
 Luchd meisg is rèibinn 's adhaltranais.

Mar chualàig dhris an ceangal teann,  
 Ann slabhruidh tha gach dream leo fein ;  
 'S an comun òchleachd bhi 'n caidreamh dlù,  
 Mar bhioraibh rùi ste dol nan crè.

Mar léomhan garg faoi chuibhreach cruaidh,  
 Le thoiscaibh rêuadh suas a ghlaist :  
 An slabhruidh cagnuidh iad gu dian,  
 'S gu brath cha ghearr am fiacla phrais.

Bidh iad gu fiorruidh 'n glacaibh bhàis  
 'S an croidhe gà fhàsgadh asd' le bròn,  
 Ceangailt' air cuan do phronnasc laisd'  
 'S a dhcatach uaine tachd, an fron.

Mar spairneig fuaithe ris an seir,  
 Tha iad air creugaibh goileach teann :

Is dibh-fheirg Dhe a feideadh chuain,  
Na thonnaibh buaidhreis thair' an ceann.

'Nuair dhùineas codal cruaidh an fùil,  
Teas feirg 's an-dochas dùisgidh iad ;  
A chnuimh nach bàsuich 's eibhle beò,  
Ag cur an dòruinn shiorruidh 'meud.

Air ifrinnean 'n uair a gheibh iad sealbh,  
'S lan-dearbha cò ga 'n toir iad cìs,  
Feudfuidh sinn an gearan truagh,  
Chur ann 's na briathraibh cruaidh so fios.

" O staid na neimhni 'n raibh me 'm thàmh,  
" Ciod uime dh' àrdach Dia mo cheann !

" Mo mhile malluchd aig an là

" 'N do ghabh mo momhlathair me na broin !

" Ciod uime f' huair me tuigse riamh ?

" Na ciall is reusan chum mo fdiùr ?

" Ciod uim' nach d'rinn thu cuileag dhiom ?

" Na durrag dhìblidh ann san ùir ?

" Am mair me 'n so gu saogh'l nan saogh'l !

" 'N dig crioch na caochladh orm gu brath !

" Am bheil m'nois santsiorruidheachd bhuan

" A' fhàmh a chuain ata gun tràigh !"

" Ged àireamh uile reulta neamh,

" Gach feur is duillich riamh a dh'f hàs,

" Ma' ris gach bràon ata san chuan,

" 'S gach gainearmh chuairticheas an tràigh :

" Ged chuiream mìle bliadhna seach,  
 " As leth gach aon diubh sud gu leir,  
 " Cha d'imthich seach don t-siòrruidheachd  
 " Ach mar gu 'n tòisicheadh i'n de. (mhòr,  
 " Ach O! 'n do theirig trocair Dhia!  
 " 'S am pian e me gu saogh'l nan saogh'l!  
 " Mo shlabhfuidh 'n lafuch e gu bràth!  
 " No glas mo làmh an deun e sgaoil!  
 " 'M bi mbeul a dh'orduich Dia chum feinn  
 " Air feadh gach linn a chliù gun sgòs,  
 " Mar bhalagan-féididh fadadh suas  
 " Na lafraich uain ann ifrinn shìos.  
 " Ged chuaidh mo thruaighe thair mo neart  
 " Gu deimhin fein is ceart mo bheinn;  
 " Ach caite bhios me 'n so gam chràdh,  
 " Mu'm bi do cheartas sàitheach dhiom!  
 " No 'mbi thu diò'lte dhiom gu bràth?  
 " 'N deach lagh an nàduir chur air'cùl?  
 " Mo thruaighe me! 'ne so am bàs  
 " A bhagair thu air Adhamh 'n tùs?  
 " Air sgà do dhiò'ltais 'm bi thu sniomb  
 " Snàthain mo bheath' gu fiorruidh caol?  
 " Nach leor bhi mile bliadhna gàm losg?  
 " As leth gach lochd a riinn me 's t-saogh'l?  
 " Ged lean do dhiò'ltais me ga'm chùl,  
 " Cha 'n arduich e do chliù a Dhe,

"S cha'n fhiù dot Mhòrdhachd t fhearg a  
 "Air comharrtha co bochd rium fein. (chosd'  
 "O Dbia! nach sgrios thu me gu tur?  
 "S le d' chumhachd cuir air m'anam crioch,  
 "S gu staid na neimhni teilg me uait,  
 "Far nach 'eil fulang, smuain, no gniomh.  
 "Ach O! fe sò mo thoilltneas fein  
 "Is ni bheil èucoir bunntain riùm;  
 "Oir dhiùlt me taigse shaor do Chriosd,  
 "S nior ghabh me da fhuil phrìseil suim.  
 "Mo choguis dìtidh me gu bràth,  
 "An fhia' nais bha gà'm chàineadh riamh:  
 "An-iochd na èucoir ann mo bhàs,  
 "Cha leig i chàramh 'm feasd air Dia.  
 "Do theilg me àitbeanta air mo chùl,  
 "Is rith me dùthrachdach gùm sgrios,  
 "Is fhia' nais fein a' m' chroidhe mhùch,  
 "Ag druid mo shùile roimh mo leas.  
 "Cio meud an dìogh' Itas tha dhàmh 'n dual  
 "As leth mo pheacaidh uamhurr dàn!  
 "Am peac' thug dù'lan do fhuil Chriosd,  
 "S a dh'fhàg gun eifeachd briogh a bháis!  
 "Gidheadh nach 'eil do Bhùaidhean fein  
 "Neimh-chriochanach gu lèir o chian?  
 "Sand'thoir mo chionntair iochd, sair gràdh  
 "Gu'm fás iad criochanaicht ann Dia?

“ Bheif comas duit mo thilgeadh uait  
 “ Far nach cluinn do chluas mo screid?  
 “ M bheil dorchadas ann ifrinne fèin  
 “ Far nach lér do Dhia mo staid?  
 “ An d' aoibhneas ionlan, 'n eisd do chluas  
 “ Re creutair truagh a rinn do lāmh,  
 “ Ag èigheach, *Athair!* gabh dhiom truas,  
 “ 'S leig fuarach do ghoil-smear mo chàmh?  
 “ Eisd o mo Dhia; mo thagradh bochd,  
 “ 'S gach osna ghoirt 'ta tighn a 'm chliabh,  
 “ 'S aon athchuinge do iarram ort,  
 “ Tairèis gach lochd a rinn me riagh:  
 “ 'N uair ghuileas me deich mīle bliadhna  
 “ San lafair dhian so fein gam chràdh,  
 “ 'N uair sgitheas ðeambain bhi gam phian,  
 “ *O deonuich Dhia gu'm fuidh me bas!*  
 “ Ge truagh mo ghuidhe cha'n eistear è  
 “ Is fois na fèdh cha n'f huidh me chacidh  
 “ Ach beatha neimh-basmhur teathd as ùr  
 “ Gu'm neartuch ghiùlan guille clàoi.”

Ach stad mo Rann is pill air h'ais  
 O shlochd na easgraidd dhéin a nìos,  
 Is feuch cionnas a bheir thu seòl  
 Don dréam tha beò nach d'theid iad sìos.  
 A leùghadoir a bheil c'fior.  
 Na chuir mi cheana sìos am Dhàn?

Me se 'sgu bheil thig 's lùb do ghlùm  
Le ùrmüigh 's aithreachas gun dàil:

A dh' ionnsuidh Iosa teich gu luath,  
Ag gabhail gràin is fuath do d' pheac';  
Le creideamh, fior bheir ùmhlaichd dhà,  
Ann uile àitheanta naomh a reachd.

Gabh' ris 'na oifigibh gu lèir,  
'S re h'aon diubh na cuir fèin do chûl;  
Mar Fhàidh, mar Shagart, is mar Rìogh,  
Chum flàinte, didean, agus iùil.

Biodh eisiomplair am beachd do shùl,  
Chum d' uile ghlua Fachd sdiùr da ràir,  
'S gach meadhon dh' ordreich e chùim flàint,  
Bi fein gan gnàthuchadh gu lèir.

As fhìreunteachd dean bun a mhàin,  
'S na taic gu bràth re d' thoilltneas fein:  
'S mas àill leat èifeachd bhi na ghràs,  
Na h alltrum peacadh dàimh a' d' chriè.

Mar sin ged tha do chionnta mòr,  
Chum glòir do Tighearn saorar thù,  
Is chum do shonas siorruidh fèin,  
Air feadh gach rè ag feiran à chlu.

B R U A D A R.

**A**IR bhith dhamsa ann am shuain  
 Re bruadár diomhain mar tha càch,  
 Bhi glacadh sonais o gach nì;  
 Is e gam dhìbréadh ann 's gach àit.  
 Air leam gun d'thainig neach 'am chòir,  
 "S gu'n dubh'rt e riom, " Gur górách mì,  
 " Bhi smuainteach greim a ghleidh' don gha-  
 " 'No gun lion an saogh'l mo chri". (oith,  
 " Is diamhain duit bhi 'g iarruidh fàimh,  
 " 'N aon ni, no 'n àit air bith faoi 'n ghréin;  
 " Cha chlos do d' chorp an taobh so 'n uaigh,  
 " No d' anam 'n taobh so shuainhneas De.  
 " 'N tra dh'ith Adhamh 'meas an tùs,  
 " Am peacadh dhruigh e air gach nì;  
 " Lion na h uile ni le saothair,  
 " Is dh'fhaig' e 'n saogh'l na bhriste crì.  
 " Air sonas anama chaill e chòir,  
 " M'a' ris gach fòlas bha'nn fa ghàrr :  
 " O sùn ta shliochd nan deòraibh truagh ;  
 " Mar uain a inearachd air a màthair.  
 " Re mèlich chruaidh tà' id rith gach nì,  
 " Ann dñil gu 'm fuidh an inntin cùs;

- " Ach dhoibh tha'n saogh'lgun iochd notruas  
 " Mar inhuime choimhich f' huair gun tlus.  
 " Mar sin̄ tha iad gun f' hois no tāmh,  
 " Ga'n sàruch glacadh faileas brèig ;  
 " 'S ag deòl toil-inntin o' gach nī,  
 " Is iad mar chìocha feasg nam bēul.  
 " Eidh teanndachd eigin ort am feasd,  
 " 'S do dhochas faicsin fuagladh d'fhèum,  
 " An comhnuidh dhuit mar f' had do làimh  
 " Ach gu bràth cha'n f' huidh dheth gréim.  
 " Cha teagaisg d'fheuchain s-dearbha thù,  
 " O dhūil is earbsa chuir san bhreig,  
 " A rinn do mhealladh nìlē uair.  
 " 'S co-fhada uait an diu fán dè.  
 " An ti bu mhò da'n d'thug thu miann,  
 " Nach d'fhag a mhealltuinn riamh e fearbh?  
 " Tha tuille sonais ann an dùil,  
 " Na tha 'n crùn lè bhi na shealbh.  
 " Ceart mar an ròs ata fan ghàiri',  
 " Bearguidh bhlàth'n uair theid a bhuain;  
 " Mun gann a ghlacas tu e d'làimh,  
 " Trèigidh àile e 'sa shnuadh.  
 " Ni bheil neach o thrioblaid faor,  
 " Am measg a chinneadh daonn air fad :  
 " 'S co lionmhur osna aig an Rìogh,  
 " Is aig an neach is ille staid.

" Ta smùdan fein as ceann gách foid  
 " Is dòruinn ceangailt' ris gach maith  
 " Tha 'n rós' a fas air drisibh géur  
 " 'S am pàirt a chéil tha mhil san gath.  
 " Ged fhaic thu neach ann soibhreas mòr  
 " Na meas a shòlas bhi thair càch :  
 " An tobar 's gloine chi do shùil,  
 " Tha ghrùid na iochdar gabhail tàmh :  
 " 'S mu chuireas d' anail e na għluais,  
 " Le tarruing chabhaig suas a' d' bhèul,  
 " Duisgidh 'n roughan dearg a nios,  
 " S le gaineamh lionaiddh se do dhèud.  
 " 'S ged fhaic thu neach ann inbhe ard,  
 " Tha e mar nead am barr na craoibh ;  
 " Gach sdoirm a bagradh thilgeadh nuas,  
 " Is e air luasgadh leis gach gaoith.  
 " An neach is fearr tha 'n saogh'l a riar,  
 " Tha fiaradh eigin ann na staid,  
 " Nach deun a sheòltachd is a stri.  
 " Am feast a dhìreachadh air fad.  
 " Mar bhata' fiar an aghuidh chéil,  
 " Ata o shuidheach fèin doth-chur ;  
 " A treir mar dhìreas tu a bharr,  
 " 'S co-chinn teach ni thu cam a bhuri.  
 " Na h Iudhaich thionail beg no mòr,  
 " Don Mhanna dhoirteadh orra 'nuas ;

" N uair chuir gach neach a chuid fan chlàr,  
 " Cha ràibh air bàrr na dadum uaith :  
 " Mar sin ata gach sonas saogh lt,  
 " Ata thu faotainn ann a d' làimh,  
 " Fa chomhair faidhbhreas, 's inbhe cùirt  
 " Tha caitheamh, cùram, agus cràdh.  
 " Ged charn thu òr a d' shlige suas  
 " Fa chomhair fàsuidh 'n luaidh da rēir  
 " Is ge do chuir thu innte rìogh'chd  
 " A mheidh cha dìrich i na dèigh.  
 " Tha cuibhrinn iomchuidh aig gach neach,  
 " S ged tha thu meas gur tuille b' fhearr ;  
 " Cha d' thoir an t'anabarr tha'nn a sud,  
 " Am feasd an cudthrom as chràdh.  
 " O iomluain d' inntin tha do phian ;  
 " Ag diùltadh 'n diu nà dhiarr thu 'n dè :  
 " Cha chomasach an saogh'l do riar,  
 " Le d' anamianna 'n aghuidh chéil,  
 " Na m' fuigheadh toil na feol a rùn,  
 " Da mianna brùdail dhiarradh sàth ;  
 " Flaitheas' bu aird cha'n iarradh i,  
 " Na ionnta sud bhi sìorruidh fnàmh.  
 " Ach ged a b' ionmhuinn leis an fhèòil,  
 " Air talamh còmhnuachadh gach rè :  
 " Bhiodh dùthrachd d' ardain agus d' uaill.  
 " Co arda shuas re Cathair De,

" Ach na mbàill leat sonas buan;  
 " Do shlighe tabhair suas do Dhia.  
 " Le dùthrachd, creideamh, agus gràdh,  
 " Is sàsuichidh e d' uile mhiann.  
 " Tha 'n cuideachd fud gach ni san tsaogh'l,  
 " Tha 'n comas daoine shealbhach sior;  
 " Biadh, is eudach, agus flàint,  
 " Is faorsa, càirdeas, agus, sìth."

Ann finn do mhosgail as mo shuain,  
 Is dh'fhag mo Bhruadar me air fad:  
 'S do leig me dhiom bhi rith gach sgàil,  
 Is dh'fhàs me toilichte le'm staid.

## A N G A I S G E A C H.

**C**HÀ bui ghaisgeach Alastair mòr,  
Na Cesar thug an Ròimh gu gèill;  
Oir ged a thug iad buaidh air cùch,  
Dh' fhan iad nan tràill' da miannaibh fein.  
Cha ghaisg an ni bhi liodaird dhaoih,  
S cha chliù bhi ann an caonnaig' tric;  
Cha 'n uaisle initin ardan borb,  
~~S~~ cha treubhiantas bhi targun iochd,  
Ach 's gaifgeach eisean a bheir buaidh  
Air eagal beathà, 's uamhunn bàis,  
'S a chòmhluicheas le meisneach cri',  
Na h-uile ni ata dha 'n dàn.  
Le gealltachd cionnt, cha teich air cùl  
'S an am an dùisg a choguis fein,  
A tagradh eisdidh se gu ciùin,  
'S an ceartas dùinidh se a bèul,  
Se 'n gaifgeach eisean bheir faoi chis,  
A thoil chum strìochd do reusan ccàrt,  
'S a smòaintidh ceannairceach gu leir,  
Bhi 'n ordugh gèilleachdain da smach,  
A mhianna brùdail faltruividh sìos,  
S mar bhuiill a chuirp faoi chis atàid,

S'cha 'n irislich e fein da'n riar,  
O nach gu riaghlaadh rugadh iad.

San oidhch 'n uair luidheas e chum suain,  
Bidh shubhailean mun cuairt da fein;  
Mar shaighdearain an tiomchioll Rìogh,  
Ga dhìdean o gach namhaid trèun.

'S an mhaduin 'n uair a dhéireas suas,  
Cruinnichidh smuainteadh as gach àit,  
'S e fein nan ceann mar chaipthin seòlt,  
Ga 'n suidheach ann an òrdugh blàir:

Chum cogadh 'n aghuidh miann na feòl,  
Gach bochduinn, 's dòruinn 'ta san t-sacgha!  
Gach ribeadh is gach inntleachd bàis,  
Ta 'n deamhan gnàthach 'n aghuidh chàtin.

Ta inntinn daingion mar a chreug,  
Cha charuich eagal e no fiamh:  
Ta shuilean furachar is gèur,  
Is lèr dha 'n dubhan troi 'n bhiadh.

Gu diamhain nochdfuidh 'n saoghl a gblò,  
Gach òr is inbhe ata ann;  
Ta saidhbhreas aig co pailt na chri',  
S'gur truagh leis Rìogh is crùn mu cheann  
Is gè do sgaoil an striopach lion,  
Gu ghlac' ie inntleachdaibh a mair;  
Cha dtòidh air dealanach a sùl,  
'S cha leagh i run le miannaibh laist.

A nambah cha choisin air gu bràth,  
 Ged fhuindh e sàruchadh re b uair:  
 'S e neart 's a shlainte croidhe brùit,  
 Is air a ghlùinibh bheir e buaidh.

'S i 'n fhirinn ghlan is clogaid dà,  
 Is gràs a chreideamh air mar sgiath;  
 'S e 'n scriobtuir naomh a chloidheamh gèur  
 'S a mheisneach ta gu lèir ar n Dia.

Ta siothchaint aig 'na intiìn fèin,  
 'S a choguis rèidh ris ann 's gach nì;  
 Ta fàilbhbhreas aig nach lèr do dhaoin,  
 Is air nach cuir an saogh'l fo crìoch.

Ri miodal tlà cha 'n eisd a chluas,  
 Is sgànnil ghrannad cha bhuidh'r a shìth,  
 Cha ghabh e eagal o' droch-sgèul,  
 E tuaileas brèig cha lot a chri.

Ó m' anam! dùisg is deasúidh d' airm,  
 'S gach farmad ris a ghaisgeach thréun,  
 Is d' anainianna cuir faoi chìs,  
 Chum riogh'chd a cheannsach annad fèin.

Biodh d' innéin ard osciunn nan spèur,  
 Cha 'n 'eil faoi 'n ghrèin ach pòrsan triuagh;  
 Mar tholman ùire faic an saogh'l,  
 Is dàoih' mar sheàngain air mu'n cuairt;

A nunn 's a nall gun fhois gun tâmh  
 Ag cruinneach as gach ait da 'n cid.

Gù lionmhòr marcachd thair a chèil  
 'S a trod gu geur mu bhiran brist.

N uair chi thu 'n sealladh so don t fhuagh,  
 Do smuaintidh cruinnich riot gu lèir,  
 A shealbhach saidhbhreas, sonas, 's sìth,  
 Air nach d' thig crioch a' d' anam fèin.

### A N G L A I G E A N.

**S**MI 'm fhuigh aig an uaigh,  
 Ag amharc mu bruach,  
 Feuch Clraiginn gun fhuagh air làr;  
 Do thog me e suas,  
 Ag tiomach gu truagh,  
 Ga thionndadh mu 'n cuairt am làimh.  
 Gun àille gun dreach,  
 Gun aithne gun bheachd ;  
 Air duine theid seach na dhàil;  
 Gun fhiacail na dhèud,  
 No teanga na bhèul,  
 No fhegan a ghlèufas cail.  
 Gun futeag na ghruaidh,  
 'S e rùisge gun għruag;

Gun eisdeachd na chluais do m' dhān :  
 Gun anail na shròin,  
 Na àile don' fhòid,  
 Ach lag far 'm bu chòir bhi àrd.  
  
 Gun dealradh na shùil,  
 No rosg uimpe dùn,  
 No fraodhrac re h iùl mar b' àbh'fd ;  
 Ach durroga crom,  
 A chleachd bhi fan tom,  
 Air claodhach da tholl nan àit.  
  
 Tha 'n teanachain bha 'd chùl,  
 Air tionndadh gu smùr,  
 Gun tionnsgal no sùrd air d'f hēum :  
 Gun smuainteach a'd' dhàil,  
 Mu philleadh gu bràth,  
 A cheartach na dh'f hag thu 'd dhèidh.  
  
 Cha 'n innis do ghnùis,  
 A noise cia thù,  
 Mas riogh no mas diùbhc thu féin :  
 'S ionan Alastair mòr,  
 Is tràille dhith lòin.  
 A dh' eug air an òtrach bhrèun.  
  
 Fhitheanamh na h uaigh,  
 Nach cogair thu 'm chluais,  
 Co 'n clraiginn so fhuair me 'm làimh ?  
 S gu 'n cuirinn ris ceisid ;

Mu ghna mù 'n do theasd ;  
 Gar am freagair e 'm feasd mo dhàn.

'M bu mhaighdionn deas thu,  
 Bha sgiamhach a' d' ghnùis,  
 'S deadh shuidheach a' d' shùil da reir ?  
 Le d' mhaise mar lion,  
 A ribeadh mu chri,  
 Gach ògainich chìodh thu fein.

Tha noise gach àgh,  
 Bha coifinn duit gràidh,  
 Air tionndadh gu gràin gach neach ;  
 Marbhasc air an uaigh,  
 A chreach thu don bhuaidh,  
 Bha ceangailt' re snuadh do dhreach.

No 'nì breitheamh ceart thu,  
 Le tuigs' agus iúl,  
 Bha reiteach gach cùis don t fluagh ;  
 Gun aomadh le páirt',  
 Ach dìte gu bàs,  
 Na h eucoir bha dàicheil cruaidh ?

No 'n do reic thu a' chòir,  
 Air ghlacaid don òr,  
 O 'n dream ga 'n raibh sòras paill ?  
 Is bechdañ an t fluagh,  
 Faoi fhionncast ro chruaidh,  
 Ag fulang le crues na h airo.

'S mar raibh thusa fìor,  
Ann d' oifig am beinn,  
'S gun drinn thu an dìreach fiar;  
'S co chinnteach an nì,  
'N uair thainig do chrioch,  
Gu 'n deachaidh do dhìt le Dia.

No 'n raibh thu a d' lèigh,  
Ag leigheas nan crèuchd,  
'S a deanamh gach eugcail slànn,  
A' dioc-shlaintibh mòr,  
Ag deanamh do bhòsd,  
Gu 'n dibreadh tu chòir o 'n bhàs?

Mo thruaighe gun threig,  
Do leigheas thu fèin,  
'N uair bha thu faoi eugcail chruaidh;  
Gun fhoghnadh gun stà,  
Am purgaid no 'm plàsd,  
Ged chòn bhail aon trà o'n uaigh.

No 'n seana lair thù,  
A choisinn mior-chliù,  
Le d' shèoltachd a sdiú' ràdh aim?  
Air naimhde toirt buaidh,  
Ga 'n cur ann san tuaig,  
'S ga 'n fagail nan cruachaibh marbh;

N raibh do chloidheamh gun bheart,  
No 'n d' f hag thu do neart,

'N uair choinnich thu feachd na h uaigh,  
 'N uair b' eigin duit gèill,  
 A dhaindeoin do dhèud,  
 Do dh' armait' a phèistidh truagh ?

Tha na durraig gu treùn,  
 Re d' choluinn cur sèisid,  
 'S ag coisne ort fèisid gach là ;  
 Is claign do chinn,  
 Na ghearasdan dion,  
 Aig daolagaibh dìblidh 'n tàmh :

Pàirt claodhach do dhèud,  
 A steach ann a' d' bhèul,  
 'S cuid eile ag rèub do chluas,  
 Dream eile nan scùd,  
 Tigh'nn amach air do shùil,  
 A spuinnéadh 's a rùsg do ghruaidh.

No 'm fear thu bhà pòit,  
 Gu tric a stigh òsd,  
 'S tu croidheil ag òl an dràm ?  
 Nach iarradh dhuit fèin,  
 Do fhlaitheanas Dè,  
 Ach beirm a bhi 'g eiridh d' cheann ?

Nach iarradh tu cheòl,  
 Ach mionna mun bhòrd,  
 Is feuchain co 'n dòrn bu chruaidh,  
 Mar bho no mar each,

Gun tuigse gun bheachd,  
'S tu brúchdadhbh so sgeith mun chuaich?  
Na 'n duin' thu bha gluas,  
Gu cionalta suairc,  
Gu meafaradh stuam mu d' bhòrd;  
Le miannaibh dó chré,  
Faoi chuibhreachadh gèur,  
'N am suidhe gu fèisd 's gu fógh?

No 'n geòcaire mòr,  
Bha gionach air lòn,  
Mar choin ann am feòlach dearg;  
Ag toileach do mhiann,  
Bha duilich a riad,  
S tu geilleadh mar Dhia do d' bholg?

Tha noise do bhrù,  
Da 'n raibh thu a lùb.  
Do ghaineamh 's do ùir gle làn:  
S do dheudach gun bhlas,  
Mu d' theangaidh air glas,  
Faoi gheimhlichibh prais a bhàis.

No morair ro mhòr,  
A thàchair, am dhòrn,  
Neach aig an raibh coir air tìr;  
Bha iochdmhar re bochd,  
A cluthach nan nochd,  
Reir pailteas a thoic 's a neith?

No 'n raibh thu ro chruaidh,  
 A fionnadh do thuath,  
 'S a tanach an gruaidh le mál;  
 Le h agartas géur  
 A glacadb an spréidh.  
 'S am bochduinn ag eimheach dàil?

Cun chroidh' aig na daoin,  
 Bha'r lomadh le h aois,  
 Le 'n clraiginnibh maola truagh;  
 Bhi seasamh a' d' chòir,  
 Gun bhoinead nan dòrn,  
 Ge d' tholladh gaoth reòt/ an cluas:  
 Tha noise do thràill,  
 Gun urram a' d' dhàil,  
 Gun ghearsom gun mhàl gun mhòd;  
 Mor-mholadh don bhàs,  
 A chasgair thu trà,  
 'S nach d' f huiling do stràic faoi 'n fhòid.

No 'm ministeir thù,  
 Bha tagradh gu dlù,  
 Re pobull ann ùghdaras Dè;  
 Ga 'm pilleadh air ais,  
 Bha 'gimeachd gu brais,  
 Gu h ifrinn na casgradh dhèin?

No 'n raibh thu gun sgoiñn,  
 Mar mhuime mu-chloinn,

Gun chùram a h oighreachd Dhè;  
 Na 'm fuidheadh tu 'n rùsg,  
 Bha comadh co dhiù,  
 Mu 'n t seannach bhi stiùbhradh 'n trèud;  
 Leam 's ciñnteach gun d' fhuair,  
 Do dheanadas duais,  
 'N uaìr rainig thu 'm Buachaille mòr :  
 N uair chuairtich am bàs,  
 A steach-thu na làith'r,  
 Thoirt cunntas a' d' thàluinn dò.  
  
 No 'n ceann thu bha làn,  
 Do dh' inntleachdaibh bàis,  
 Gu seoltā ga 'n tàdh r'a chèil;  
 Ga 'n cuir ann an gniomh,  
 Gun umhail gun f'hiambh,  
 A freagradh do Dhia nan dèigh?  
  
 'N raibh teangadh nam brèug,  
 Gun chuibhreach faoi d' dhèud,  
 A tog'ail droch sgèul air càch;  
 Gath-puisein do bhéil,  
 Mar naithir a tèum,  
 'S a lòtadh nan cèud gach là?  
  
 Thà i' noise na tàmh,  
 Faoi cheangal a bhàis,  
 Gun sgainnil a plàigh na dùth'ch :  
 Is durraga gránnd,

Air lobhtha na h'ait,  
 An deidh dhoibh a cnàmh ga cùl  
 'S mu lean thu do ghnàth,  
 Gu leaba do bhàis,  
 Gun tionndadh na thrà re còir ;  
 Car tamull na h uair,  
 Dean flaitheas don uaigh,  
 Gus an gairmear thu suas gu mòd :  
 Mar losgann dubh grànnad,  
 Ag imèart a smàg,  
 Gu 'n eirich thu 'n ard o'n t flochd ;  
 Thoirt coinneamh do Chriosd,  
 'Nà thigbeachd aris,  
 A dh' fhaotuinn lan diol a d' olc.  
 'N uair theid thu fa bheinn,  
 Ni cheartas do dhìt' ;  
 Ga d' fhogradh gu siorruidh uaidh :  
 Gu lìafair gù d' phian,  
 Chuaidh dheasach don Diabh'l,  
 'Sa mhalluchd gu diau ga d'ruog,  
 ?N sin cruidhichidh Dia  
 Do chnaimhean mar iarn,  
 Is d' fhéthean mar iallaibh prais ;  
 Is teannaichidh d' fheòil,  
 Mar innein nan òrd,  
 Nach cnamh ì le móid an teas,

No 'n ceann thu 'n raibh ciall,

Is eolas air Dia,

'S gun d' rinn thu a riad fa chòir;

Ged tha thu 'n diu rùisgt'

Gun aithnè gun iùl,

Gun teanga gun sùil gun fròn.

Gabh meisneach san uaigh,

Oir eiridh tu suas,

'N uair chluinneas tu fuaim an stuic,

'S do thruailleachd gu leir,

Shios fàgfuidh tu d' dhéigh,

Aig durraga bòeun an t fluic.

Deasfuchadh Dia,

Do mhaise mar ghrian,

Bhiodh 'g eiridh o sgiath na 'm beann ;

Cus fraodrac ro ghéur,

'S na suile so fèin,

'S iad dealradh mar fèulta 'd cheann.

Do theanga 's do chàil,

Ni ghleusa gun dàil,

A chantuinn na àros cliu :

Is fosglaidh do chluas,

A dh'eisteachd re fuaim;

A mholaidh tha 'g fluagh a chuit.

'N uair dhealruicheas Crìosd,

Na thigheachd a rìs,

A chruinneach n a m' fìrean suas;  
 'N sin bheir thu do lèum,  
 Thoirt coinneamh dha fèin,  
 Mar iolair nan spéur aig luaths.

N uair dh'eireas tu 'n àird  
 Grad chuiridh ort fàilt,  
 A mhealltuinn a chàirdeas fein,  
 Gun dealach gu bràth,  
 R'a chomunn no ghràdh,  
 A steach ann am Fàrras Dé,  
 Fhir chluinneas mo Dhàn,  
 Dean aithreachas trà,  
 M feadh, mhaireas do shlàint's do bheachd;  
 Mu'n d'thig ort am bās,  
 Nach leig thu gu bràth,  
 Air geata nan grās a steach.

# A N G E A M H R A D H.

DO theirig an samhradh,  
'S tha 'n geamhradh tigh'n dlù oirn,  
Fior namhaid na chinneas,  
Tigh 'n a mhilleadh ar dùthcha :  
Ga falltairt faoi chasaibh,  
'S da maise ga rùsgadh;  
Gun iochd ann re dadum,  
Ach sladadh 's a plùnnndruinn.

Sgaoil oirne a sciathan,  
'S chuir e ghrian air a chìlubh ;  
As a nead thug e 'n tàlach,  
Neimh-bhàigheoil gá'r sgiùrsadhl.  
Sneachd iteagach glègheal,  
N na spèuraibh tigh'n dlù oirn,  
Clocha-meallain 's gaoth thuathach,  
Mar luaidh is mar fhùdar.

N uair flèideas e anail,  
Cha 'n fhag anam am flùrain ;  
Tha bheillinn mar shiosfar,  
Lomadh lis do gach ùr-ros :  
Cha bhi sgeudach air coille,  
Nò foire nach rùisg e ;  
Nò sruthan nach tachd e,  
Faoi leachdanna dù'-ghorm.

Fead reòta a chlêibhe,  
 Tha sèideadh na còinionn,  
 Chuir beirm ann san fhairge,  
 'S a dh' at' garbh i na tonnaibh ;  
 'S a bhinn'dich an clàmhuin,  
 'Air àirde gach monaidh,  
 S ghlan sgùr e na reàltan,  
 D' ar pèile le'n solas.

Tha gach beathach is duine,  
 Nach d' ullaich 'na shèason,  
 Ga 'n sgiùrsa le gaillìn,  
 Gun talla' gun eùdach :  
 'S an dream a bha gniomhach,  
 Fas iargolt mi-dheàrceil ;  
 Nach d'thoir iasachd do leisgean,  
 Ann san t sneachda ged èug e.

Tha 'n seillean 's an seangan,  
 Bha tional an sfòrais,  
 Le gliocas gun mhearrachd,  
 Tabhairt aire don dòruinn :  
 'G ithe bidh 's ag ol meala,  
 Gun ghainne air lòn ac,  
 Faoi dhion ann san talamh,  
 O anail an reòta.

Tha na culleoga ciatfach,  
 Bha diamhain san t samhradh,

'S na gaethleinibh gréine,  
 Gu h èibhinn a dannsa;  
 Gun deasach gun' chùram,  
 Roimh dhùdlach a gheimhridh:  
 Tha iad noise a' bâsach,  
 Ann sgach àite le teanntachd.

Ach eisd riom a shean-duin',  
 'S tuig an samhladh tha 'm stòri',  
 Tha 'm bàs a tigh'n teann ort,  
 Sud an geambradh tha 'm òran:  
 'S ma gheibh e thu d' leisgean,  
 Gun deasach fa' chòmhail,  
 Cha deun aithreachas criche,  
 Do dhionadh o'n doruinn.

Gur meithich fas diaghuidh,  
 'S do chiabha air glasadhar,  
 Na 'm beàrnaihb do dhèudach,  
 Is d' èudan air casadh;  
 Do bhathais air rüsgadh,  
 S do shuilean air prabadh,  
 Agus croit eft air lùbach,  
 Chum na ~~re~~\* re do leaba.

Tha na fru' na craobhach,  
 Gha fgaideach a' d' bhallaibh,  
 Gu shireagach buailteach,  
 Ellis gluasadair tana;

A noife air traoghadh  
 O 'n taormachadh thairis,  
 O ragach is dh' fhuardach  
 Teas ua'bhair na fola.

Balg-seididh na beatha,  
 Tha air caitheadh gun fhèum ann,  
 'S o chrup ann a' d' chliabh e,  
 Gur h e phian bhi ga shéideadh :  
 Tha 'n corp a chruit chiùil ud,  
 Air diùltadh dhuit glèufadh ;  
 'S comhthar cinnt air a thaifsguìdh,  
 Bhi lasach a thèudan.

Theich maduinn na h òige,  
 Is treòir mheadhon laeth,  
 Tha 'm feasgar air ciaradh,  
 'S tha ghrian ort a fluidhe :  
 'S mu bha thusa diomhain,  
 Gun ghniomh is guu mhaitheas ;  
 Gu h calamh bi d' dhùsgadh,  
 Mu'n dùuintheart ort flaitheas.

Reir caithne na beatha,  
 S tric leatha gun crioich i ;  
 Bidh 'n cleachda fas làidir,  
 Doth-fhàsach o'n iñntinn :  
 Na labhair an sean-fhocal,  
 'S deimhin leam fior, e,

" An car theid fan t seannmhàid  
 " Gur h ainmnic leis dìreadh.

Ach oganaich thrèibhich  
 Thoirs' èisdeachd dom óran,  
 'S leig dhiot bhi mi-chèillidh,  
 Ann cèatain na h òige:  
 Tha aois agus èa-flaint,  
 Air do dhèidh ann an tòir ort;  
 'S mù ni h aon aca gréim ort,  
 Pillidh d' aoibhneas gu bròn duit.

An aois ata 'n tòir ort,  
 Bheir i leon ort nach saoil thu;  
 Air do shuilibh bheir ceathach,  
 Is treabhuich si d' aodan :  
 Bheir i crith-reo mu d' ghruaige,  
 'S neul uaine an aoig leis,  
 'S cha d' thig aiteamh na grian ort,  
 Bheir an liath-reo a chaoidh' dhiot.

Bheir na's measa na sud ort,  
 Fàilne tuigse is réufain ;  
 Dìth leirfinn a d' intinn ;  
 Dìth cuimhn' agus gèire ;  
 Dìth gliocais chum gnothaich ;  
 Dìth mothaidh a d' chèudfadhl :  
 'S gurm fas thu mar leanabh,  
 Dhùth spionadh is cèille.

Fàsuidh 'n croidh' neimh-aithreach,  
 'S neimh-ealamh chum tionndadh,  
 Aon tagradh cha drùigh air,  
 'S cha lùb e da ionnsuidh :  
 Ceart mar tha 'n talamh,  
 'N am gaillinn is teanndachd ;  
 Ged raibh milltin dol thairis,  
 Cha deun aile fan chaufair.

Faic sèasain na bliadhna,  
 'S deun ciall uath a tharuing :  
 'S mas àill leat gu'm buain thu,  
 Dean ruadh'r ann fan earrach ;  
 Dean connadh san t samhradh,  
 Ni fa gheamhradh do gharadh ;  
 'S mu dhibreas tu 'n sèasan,  
 Dhu it 's èigin bhi folamh.

'S mar cuir thu fiol fallain,  
 Ann earrach na h òige,  
 Do chinntè 's am bàs duit,  
 Cuiridh Sàtan droch phòr ann ;  
 A dh' f hàfas na dhubhaile,  
 'S na luidheanna feòla :  
 'S bidh do bhuan mar a chuir thu,  
 Mas subhaile no dòbheart.

Mas bhios d' òige gun riaghladh,  
 'S d' anamianna gun taod riu,

Gum fas iad co fiadhaich,  
 'S nach frian thu re d' aois iad:  
 Am meangan nach sniomh thu,  
 Cba spion thu na chraoibh e;  
 Mur shineas e ghèugan,  
 Bidh fhréumhan a sgaoileadh.

Tha do bheatha neimh-chinnteach  
 O'n tinn a bheir bàs ort;  
 Uime sin bi re dìthchioll,  
 Do shìth dheanamh tràthail :  
 'S e milleadh gach cùise  
 Bhi gun chùram cur dail inut';  
 'S ionann aithreachas criche,  
 'S bhi cur sìl mu Fheill-màrtuin,

Tha għiex ann sna spèuraibh  
 Ruith reise gach laeth :  
 'S i ġiorrach do shaogħail,  
 Gach oibche a luidheas:  
 'S dlu ritheas an spàla,  
 Troi shnàth'naibh do bheatha ;  
 Tha fittheadli dhuit l-eine,  
 Ni pēiddin a chaitheamh.

'S mu għoideas e dlū ort.  
 'S gun do dhùil bhi r'a thigħi nn ;  
 'N sin fosgħlaidh do shuilean,  
 S chi thu chħiex thaix a meithiċċi :

L 571

Bidh do choguis ge d' phianadh,  
Mar scian ann a d' chroidhe; .  
'S co ionann a giùlan,  
'S luidhe rùisgt' ann an scitheach.

Faic a chuileag ga dìte  
Le sionntaibh an nàduir,  
'S o dhìbir i 'n fèusan,  
Gur h èigin di bàsugh :  
Faic gliocas an t seangain,  
Na thional co tràthail,  
'S deun eisiomplair leanail,  
Chum d' anam a shàbhal.

# U R N U I G H.

**O** Tighearn is a Dhia na glòir,  
An t Ard-Riogh mòr oscionn gach flu-  
Cia dànahd ni air h ainm ro mhòr (aigh;  
Le bilibh neòghlan bhi ag luaidh!

N h aingle's airde rinneadh leat,  
Cia lag an neart! 's cia dall an iùl!  
Cia aineolach air h oibre mòr!  
'S cia goirid air do ghlòir an cliù!

Am beachd do shùile fiorghlan fèin,  
Cha'n'eil na rēulta 's airde glàن:  
'S cha'n'eil na h aingle's naomha'n glòir,  
Ann làthair do Mhòrachdfa gun smal.

Ach O an dean thu d'ioslach fèin,  
A dhēisdeachd cnuimhe ann sàr ùir!  
Faoi sfôl do chos ag gabhail tàmh,  
'S nach faic ach sgàile beag do d' ghnùis,

Na lasadh d'fhearg O Dhe nan dùl,  
Am feadh do dheanam ùrnuigh riut:  
'S mo pheacadh aidmhicheam le nàir,  
'S an truailleachd ghràineil ann sna thuit.  
Mo chionnt tha mar na flèibhte mòr;  
Is león iad me le h iomadh lot:

Ta manam bochd le 'n cudthrom bràit,  
S o m shùilibh fàsg nan dèuta goirt,

An comas duit a Dhia ri am feart,  
Mo shaor gun cheartas chur air cùl!  
S mu shaorar le do thròcair mi,  
M bheil neach i sànt saogh'l a dhiteas tu?

Nach éigin duit mo sgrìos gu bràth,  
Mur aichshean thu do cheartas gèur!  
Le m' chionnta oillteil 's gann a dh'fhàg  
Mi iochd, no gràs, a' d' raoighain fèin.

Gach uile mhalluchd ata sgrìobht  
Ann d' f' hocal fior le bagradh teann,  
O Tighearn thoill me air do làimh,  
Gum biodh iad càrnuicht air mo cheann,

Ge d' fhas na neamha dubh le gruaim,  
'S mo bhual le tarpainich do neart;  
Ge d' theilg thu me gu ifrinn shios,  
Gu sìorruidh aid'ichead do cheart.

Gidheadh am feud an lasair thréun  
A sgoilteas as a cheil an tuil;  
Drudhagh orm troi' umhlachd Chriosd,  
'S mi gabhail dòn a steach faoi fhuil?

An fhuil a dhìol do cheartas teann  
'S a dhoirteadh air a chrann gu lär  
Saun aisd' tha m' earbfa, O mo Riegh  
Nach dìt thu manam air a sgà.

Dean m' ionnlad glan, O Dhia na sith !  
 'S an tobat focshlaint bhrùchd a thaobh :  
 A bheir dhamh beatha 'as a bhàs,  
 So m' thràillealachd a ni mi saor.

Daingnich mo chreideamh ann na bhàs,  
 Is beothaich gràdh am chroidhe stigh,  
 Is neartuich me chum ümhlaichd dhà,  
 Ann uile àitheanta naomh a lagh.

O dean mo phlanndach ann an Crìosd !  
 S mo chrònach brisidh mach le blàth ;  
 Is bidh gach subhaile 's naomha glèus,  
 Mar mheas a lub mo ghèug gu lär.

Gach inbhe'n cuir thu mi san t saogh !  
 Dean daonnan toilicht' me le m staid ,  
 Mas bochd, no beatach, tinn, no slan,  
 Do thoir gu bràth biodh deant air fad.

O 's gràsmhor Dia n' air bheir e seach !  
 'S gu beachd tha dhisltadh lan do GHRADH ;  
 'S fior-bheannachd ann an atharach dreach ;  
 Gach CROIS is CREACH a thig o laimh.

O buidheachas do Dhia nan gràs  
 Chair chugam slàhui'f hear nan buadh ;  
 Eiric mo shaorsa chi na bhàs ;  
 'S an luach a phàidh air m' anam truagh.  
 'S e fein do chlaon a dhruim saoi m' chual  
 Thum manam dhireadh iwas gu Dia ;

E 97 1

Chosd gach tiodhlac th' agam uait;

Geur-chràdh is ofsn' chruaidh ga chliabh.

Mò smuaintidh talmhuidh tog gu neamh,

Is thoir dhamh ēarlas air do ghràdh,

A dh' fhògras m' eagal uile uam,

'S a shaoras mi o uamhunn bàis.

'N sin atadh tonna borb a chàin,

Is bêuchda torrann chruaidh nan spèur;

Thigeadh crith-thalmbuin gort, is plaigh,

Bhios roinn a bhàis gach taobh a thèid.

Bi thus' a' d' Dhia do manam fèin,

'S bidh iad gu lèir dhamh 'n cairdeas gràidh;

Cha loi sg an tein' gun ordugh uait,

Cha fluig an cuan, 's cha sgrios a phlâigh:

Am feadh bhios cumbachd ann a d' làimh,

Bidh mise sàbhailt o gach olc:

S' cha 'n eagal lèam gu 'm bi mi 'n ðì,

Gu siorruidh nach gu 'm fas thu bochd.


Mò dhùthlirachd, m' eagal, 's m' uile mhianu,

A' m' Dhia tha còmhlichadh gu lèir;

Oir neamh, is talamh, 's ifriant shiòs,


Ata iad do mo Rìogha' aig gèill.











X

